



PLANA RO-INNLEACHDAIL 2022-27

A' dealbhadh siostam foghlaim 's rannsachaidh treas-ìre a tha ceangailte, lùthmhor, seasmhach do dh'Alba.

MAR DEIDHINN

Is e Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC) an t-ùghdarras foghlaim 's rannsachaidh trèas-ìre aig Alba. Their sinn “treas-ìre” ri foghlam an dèidh aois 16 bliadhna no ìre na h-àrd-sgoile a nithear gu h-àbhaisteach aig a' cholaiste no oilthigh. 'S e ar miann gum bi Alba na h-àite air leth airson ionnsachadh, oideachadh, rannsachadh is ùr-ghnàthachadh – an-dràsta 's san àm ri teachd. 'S e ar n-adhbhar a bhith a' beathachadh sàr-shiostam foghlaim, rannsachaidh is ùr-ghnàthachais treas-ìre a bheir comas air oileanaich soirbheachadh; a chuireas piseach air beatha dhaoine; agus a chumas suas sunnd is soirbheas sòisealta, eaconamach is àrainneachdail.

An ceann ar n-adhbhair, bidh sinn a' tasgadh mu £2 bhillean de dh'airgead poblach airson:



- Ionnsachadh is teagasg aig an treas-ìre.
- Sgilean is preantasachdan.
- Taic is compàirteachadh nan oileanach.
- Rannsachadh taisgealach.
- Ùr-ghnàthachas is co-roinn eòlais.
- Cruinneachadh is sgaoileadh dàta.
- Pròiseasan barantachadh mathais is feabhais.
- Togalaichean is fearann campais ùra 's ùr-leasaichte.
- Bun-structar didseatach riatanach is solarachadh coitcheann airson na roinne.
- Atharrachadh ro-innleachdail, ullachadh freagairteach is prìomhachasan rannsachaidh.

Bidh sinn a' dèanamh na leanas airson buaidh bhon tasgadh airgid againn urrasachadh:



- A' riarachadh airgead ann an dòigh chothromach, cunntachail airson solar cunbhalach agus rannsachadh sàr-mhath a ghleidheadh.
- A' co-phlanadh 's a' suidheachadh ionmhas ann an co-rèite ri compàirtichean eile mar urras air builean is buaidh choitcheann.
- A' co-roinn sàr-chomhairle, faisneis is fianais air an riaghaltas, compàirtichean agus air a' phoball gu lèir.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil leas nan oileanach air adhartachadh 's air a dhìon.
- A' deasachadh poileasaidh obrachail nàiseanta airson foghlaim is sgilean treas-ìre; rannsachadh taisgealach, ùr-ghnàthachas is co-roinn eòlais.
- A' suidheachadh dhùilean, targaidean is cumhaichean airson ar n-airgid; a' cumail buidhnean maoinichte cunntachail rinn; agus a' faighinn feàrrdeachd.
- A' sgrùdadh riaghlachas is cor ionmhasail nan institiudean airson airgead-seilbh poblach agus roinn sheasmhach a ghleidheadh.
- A' cruinneachadh 's a' sgaoileadh data ùghdarrasail is anailis.



Bidh sinn, le obair compàirteachais farsaing (m.e. le buidhnean maoineachaidh, sgilean is iomairt, agus ùghdarrasan dàta eile) ag aontachadh ar rùintean is builean coitcheann ri chèile, a' faighinn buaidh co-cheangailte is luach an airgid nas motha don phoball. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air ar n-obair compàirteachais air taobh-duilleig 22.

'S e SFC buidheann poblach neo-roinneil a chaidh a stèidheachadh le Achd an Fhoghlaim Àrd-ìre is Adhartaich 2005. Tha sinn gu dìreach cunntachail ri ministearan Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba. Bidh sinn ag obair thar mòran phortfoliothan riaghaltais agus tha sinn fo sponsaireachd an Stiùireachais airson Ionnsachadh Adhartach is Saidheans am broinn Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn a' cumail cholaistean, oilthighean is buidhnean maoinichte eile cunntachail airson na builean riatanach a libhrigeadh. Is sinne an t-ùghdarras staitistigeach airson colaistean, agus bidh sinn ag obair gu dlùth le Ùghdarras Staitistigeach Foghlaim Àrd-ìre (HESA) na RA airson lèirsean a thaobh foghlaim is obair-rannsachaidh treas-ìre a thoirt don riaghaltas, luchd-co-dhùnaidh, agus don mhòr-shluagh.

Ri linn nan ullachaidhean maoineachaidh dà-fhillte airson oilthighean a tha ceangailte ri obair rannsachaidh is ùr-ghnàthachais air feadh Bhreatainn, bidh sinn ag obair gu dlùth le UKRI, buidhnean maoineachaidh freagarrach eile agus riaghaltasan, airson cur ri prìomhachasan co-bhuannachdail agus tha uallach oirnn airson maoinean sònraichte riaghaltas na RA a riarachadh bho àm gu àm.

“S e ar miann gum bi Alba na h-àite air leth airson ionnsachadh, oideachadh, rannsachadh is ùr-ghnàthachadh – an-dràsta 's san àm ri teachd.”



RO-RÀDH

le **Mike Cantlay**, Cathraiche SFC agus **Karen Watt**, Àrd-oifigear SFC

Tha colaistean is oilthighean na h-Alba fìor chudromach airson sunnd agus soirbheas sòisealta, eaconamach is àrainneachdail. Tha iad ioma-chruthach, eugsamhail – le buannachd mhòr ann aig ìre nàiseanta, eadar-nàiseanta is ionadail, oir 's ann bhupasan a thig sruth dhaoine sgileil, foghlamach thar gach ìre sa bheil riathanasan teicnigeach, dreuchdail is sàr-bhreithneachaidh ann, agus às gach raon beatha, nam measg seo an fheadhainn as fhaide bhon fheadhachd-obrach; tha iad a' cur ri cruthachadh sgìrean is coimhearsnachdan ri linn nan obraichean is cothroman a thig nan cois, agus ri linn na bhios iad a' tasgadh annta. Tha iad mar loidhne-freastail do dhaoine fa leth, a' dèiligeadh ri neo-ionnannachd le bhith a' leudachadh compàirt ann am foghlam treas-ìre; tha an sàr-rannsachadh taisgealach a' gineadh bheachdan-smuain is innleachdan ùra; agus tha an ruigse chruinneil a' tarraing ealantas, tasgadh, co-obrachadh agus àrdachadh cliù, gun luaidh air iomadachd cultair.

Tha sinn a' stiùireadh slighe tro amannan mì-chinnteach. Bheir seo an dà chuid cothrom agus dùbhlán, le àrainneachd fiosgail agus ath-sgrùdadh ioma-bhliadhnach air cosgais mar chùl-raon do na co-dhùnidhean doirbhe. Bhon as e buidheann mòr a th' annainn a' riarachadh airgead poblach, tha e mar amas dhuinn, anns gach rud a nì sinn, deagh àrainneachd ullachadh airson colaistean is oilthighean a bhith a' soirbheachadh leotha fhèin agus còmhla ri

chèile, brath a ghabhail air cothroman agus mì-chinnt a shocrachadh, agus leantainn oirnn a' libhrigeadh nam buannachdan sòisealta, eaconamach, àrainneachdail deatamach seo. Bidh sinn a' planadh agus a' co-obrachadh le colaistean, oilthighean, oileanaich, compàirtichean maoineachaidh, riaghaltas is prìomh-luchd-ùidh airson institiuidean seasmhach, solar foghlaim treas-ìre cunbhalach, sàr-obair rannsachaidh is ùr-ghnàthachas, agus toradh math a ghleidheadh. Tha am plana ro-innleachdail seo a' suidheachadh ar slighe romhainn 's ar dòigh-obrach mar bhuidheann. Treòraichidh e sinn nar gnìomhachd fad nan còig bliadhna seo ri thighinn.

Tha am Plana seo a' cur ri neart annasach na roinne a mhaoinicheas sinn. Tha e a' suidheachadh cholaistean, oilthighean is SFC an teis-meadhan eaconamaidh is nàisean stèidhichte air eòlas 's air an stiùireadh le ùr-ghnàthachas. Tha e a' cumail taic ri siostam foghlaim, sgilean is rannsachadh trèas-ìre a tha ceangailte, cruthachail, seasmhach is lùthmhor, agus a tha ag àrach a h-uile seòrsa dhaoine, sgilean is tàlant; a' toirt comas air beachdan-smuain ùra a lorg le rannsachadh taisgealach; a' lionsgaradh eòlas agus a' dèanamh feum de rannsachadh; agus a' leasachadh soirbheas is sunnd na h-Alba.

MIKE CANTLAY
Cathraiche SFC

KAREN WATT
Àrd-oifigear SFC

“Tha e mar amas dhuinn, anns gach rud a nì sinn, deagh àrainneachd ullachadh airson colaistean is oilthighean a bhith a' soirbheachadh leotha fhèin agus còmhla ri chèile”



AN SUIDHEACHADH

Tha am Plana seo air a dheasachadh aig àm cudromach de chaochladh is cothrom:

- Feumaidh sinn teicneòlasan uaine, co-cheangailte a leasachadh 's a ghabhail os làimh airson **TAR-GHLUASAD GU SAOGHAL NAS COTHROMAICHE, NAS UAINE**, agus ar slighe a rèiteachadh a dh'ionnsaigh sgilean ùra agus foghlam is trèanadh fad-bheatha.
- Tha **LUATHAS NUADH-INNLEACHDAN IS ADHARTAIS THEICNEÒLAICH** gu math mòr agus gar stiùireadh gu mòr-chaochladh gnìomhachais ùr a bheir comas do luchd-rannsachaidh, ùr-ghnàthadairean is luchd-tionnsgain air fuasglaidhean a shireadh, làmh-an-uachdar fhaighinn air a' cho-fharpais 's an luach a thoirt às; agus feumar an raon iomlan de thàlant is sgilean airson spionnadh a thoirt do eaconamaidh air a stiùireadh le ùr-ghnàthachas. Tha seo ag atharrachadh saoghal na h-obrach agus feuman luchd-gnothaich is gnìomhachais mar an ceudna – oir feumaidh iad dòigh eadar-dhealaichte air tasgadh ann an sgilean mu choinneamh saoghail atharrachail agus airson dèiligeadh ri dùbhlann maireannach co-cheangailte ri toradh saothair.
- Tha na buaidhean bho ghalar-sgaoilte COVID, agus an cothrom brath a ghabhail air **LEASANAN GRAD-FHREAGAIRT IS LORGACHADH SAIDHEANSAIL** a' cur nar sùilean gum feum sinn ar comasan rannsachaidh is foghlaim treas-ìre a chleachdadh airson eadraiginnean agus leigheasan a bheir ar slàinte is sunnd am feabhas.

- Tha **DÙILEAN NAN OILEANACH AG ATHARRACHADH**; tha roghainnean ionnsachaidh co-mheasgaichte 's air-loidhne a' fàs toinnte; agus bidh feum aig daoine air a bhith ri ionnsachadh fad-bheatha bho seo a-mach.
- Ri linn dùbhlann **ÀIREIMH-SHLUAIGH IS SOLAR TÀLAINT** mu choinneamh Alba, tha atharrachadh deamografach; gluasadan thar choimhearsnachdan, eileanan is ceàrnan dùthchail; cion in-imrichean an dèidh don RA an t-Aonadh Eòrpach fhàgail; agus buaidh a' ghalair-sgaoilte a' deargadh a-nis air solar luchd-obrach is sgilean, iarrtas airson luchd-fastaidh, dùilean eaconamach agus leasachadh roinneil.
- Tha e fhathast cudromach gun dèiligear ri bochdainn is neo-ionnannachd leanailteach airson **EACONAMAIDH NAS COTHROMAICHE, 'S NAS ION-GHABHALAICHE** a choileanadh – bidh pàirt riatanach aig colaistean is oilthighean coinneachadh ris na dùbhlain seo.
- Feumar a' phrosbaig a chur daonnan air **POILEASIDHEAN NA RA AIR FAD** co-cheangailte ri rannsachadh, inntigidhean is maoineachadh airson leas na h-Alba a dhìon.
- Bheir **TREANDAICHEAN, POILEASIDHEAN IS DÀIMHEAN EADAR-NÀISEANTA** buaidh air ar n-institiuidean 's an comas air co-fharpaiseachd, co-obrachadh, tàlant a thàladh, cliù nàiseanta àrdachadh, agus ion-tasgadh agus às-mhalairtean a ghleidheadh.

Sa gheàrr-ùine, 's sinn a' deasachadh a' Phlana seo, tha ar suidheachadh a' gabhail a-steach:

- Am miann aig Riaghaltas na h-Alba air atharraichean a dh'fhaodar toirt air an dàimh bhun-reachdail eadar Alba 's an còrr den RA, rud a tha mar chùl-raon cudromach a thaobh dàimhean eadar-riaghaltasach is maoineachaidh na RA air fad.
- Ag obair fo sgàil galair-sgaoilte COVID-19 fhathast.
- Draghan farsaing a thaobh toraidh eaconamaich, cuideaman air maoinen poblach, bochdainn is neo-ionnannachdan leanailteach, agus cruaidh-chàs cosgais bith-beò.

Mar bhuidheann poblach neo-roinneil, tha rùn reachdail againn agus tha sinn gar co-freagradh ri prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba airson an rùn sin a choileanadh agus freagairt a thoirt don dùbhlán is na cothroman air an tugadh iomradh san earrainn a thaobh suidheachadh ar Plana. Tha ar ceann-uidhe san fhad-ùine air a dhealbhadh le poileasaidhean, stiùireadh agus builean miannaichte an riaghaltas, mar a thathar a' cur an cèill, mar eisimpleir, ann an/am:

- Plana atharrachadh na gnàth-shìde 2018-2032.
- Frèam Dèanadas Nàiseanta na h-Alba agus Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte.
- An Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach, a tha a' leigeil cuideam air tionnsgaineachd luchd-gnothaich, leasachadh eaconamach roinneil, feachd-obrach sgileil is ath-leasachadh nan seirbheisean poblach, agus a tha air a chumail suas le caochladh poileasaidhean eile, nam measg, an Ro-innleachd Dhìdseatach agus Ath-sgrùdadh Eag-shiostam Teicneòlas na h-Alba.
- Ro-innleachd Sluagh na h-Alba.
- Freagairt an riaghaltas don Ath-sgrùdadh nàiseanta air foghlam is rannsachadh treas-ìre, agus an lùib sin, dealbhadh adhbhar is prionnsapalan na roinne leis an


riaghaltas agus libhrigeadh nam prìomhachasan a dh'aontaich sinn, 's e sin a bhith a' libhrigeadh phròiseactan treòrach airson solar foghlaim treas-ìre; a' neartachadh sàr-mhathas ann an rannsachadh is ùr-ghnàthachas; agus a' dealbhadh frèam buaidhe nàiseanta agus modhan cunntalachd 's barantachadh mathais co-cheangailte ris.

- Frèam nam Builean Co-roinnte eadar Riaghaltas na h-Alba, SFC agus Sgilean Leasachaidh Alba; agus raon de phlanaichean gnìomha airson sgilean sònraichte.
- Ath-sgrùdadh neo-eisimeileach air clàr-libhrigidh nan sgilean a chuireas prosbaig air fuincseanan is raon-ùghdarrais Sgilean Leasachaidh Alba agus an ceangal aige le, 's an dleastanas a th' air, an lùib siostam foghlaim is sgilean nas motha.
- Clàr-gnothaich airson ath-leasachadh sgoiltean na h-Alba a bheir buaidh air a' churraicealam, an ìre as àirde de theisteanasan is measaidhean, is air a' chlàr institiùideach; a thuilleadh air na molaidhean airson seirbheis nan dreuchdan, aig Aithisg Muir agus Ath-sgrùdadh Hayward gu h-àraidh.
- Stiùireadh a thaobh COVID-19 airson dèiligeadh ris a' ghalar-sgaoilte an-dràsta.
- Frèam Obair Cothromaich, a' brosnachadh chleachdanan math, cothromach san àite-obrach.
- Litrichean stiùiridh bliadhna do SFC a' suidheachadh prìomhachasan Ministireil.

Tha na miannan poileasaidh sna ro-innleachdan fo bhuidh na tha ri fhaighinn de dh'airgead poblach. Chaidh Ath-sgrùdadh Cosgais air Stòrasan aig Riaghaltas na h-Alba fhoillseachadh sa Chèitean 2022, agus chuir e an cèill gum bi staid fhiosgail deuchainneach ann airson libhrigeadh a' Phlana seo mu choinneamh 2022-27. Tha e a' cur na prosbaig air clann ann am bochdainn, atharrachadh gnàth-shìde; eaconamaidh nas treasa, nas cothromaiche is nas uaine; agus ath-leasachadh nan seirbheisean poblach; agus tha e a' socrachadh stòras airgid do cholaistean is oilthighean a bhios cudromach nuair a bhithear a' co-dhùnadh buidseatan gach bliadhna. Mairidh na buidseatan calpa (airson rannsachadh, càradh fearainn-thogalach is bun-structar) meadhanach rèidh thar ùine a' Phlana seo.

AR FREAGAIRT IS AMASAN RO-INNLEACHDAIL

Chaidh ar Plana Ro-innleachdail a dheasachadh timcheall ceithir amasan a' ruith air na raointean farsaing a leanas:



Bidh na h-amasan seo nan cùl-taic don mhiann gum bi Alba na h-àite air leth airson ionnsachadh, oideachadh, rannsachadh is ùr-ghnàthachadh – an-dràsta 's san àm ri teachd; agus cumaidh e sinn air an rathad a choileanadh ar n-adhbhair a thaobh sàr-shiostaim de dh'fhoghlam is sgilean, obair rannsachaidh is ùr-ghnàthachais treas-ìre a dhealbhadh 's a bheathachadh gus an soirbhich le oileanaich, gus piseach a thoirt air beatha dhaoine agus sunnd sòisealta, eaconamach is àrainneachdail a chumail suas.

An lùib gach amais, chithear na prìomh raointean air an comharrachadh. Rè nan còig bliadhna ri thighinn, obraichidh sinn ann an co-bhann ri ar compàirtichean is riaghaltas gus ar n-adhartas a mheasadh, tuigsinn far an dèan sinn nas fheàrr, agus gus a' chumail air ar prìomhachasan a ghleusadh. Tha sinn a' dealbhadh siostam-stiùiridh dèanadais mar thaic airson sùil a chumail air adhartas is euchdan mu choinneamh nan amasan ro-innleachdail sin. Thèid seo a ghleusadh a-rèir nan gnìomhachdan air an tugadh mion-chunntas sa Phlana Obdach againn.



A' toirt comas do dhaoine air ionnsachadh 's soirbheachadh

Ma thaisgeas sinn ann am foghlam ruigsinneach do luchd-ionnsachaidh às gach raon agus cho fad 's as beò iad, bheir sinn dhaibh sàr-shaoghal ionnsachaidh a bhios gan cuideachadh airson soirbheachadh; a' tabhann cothroman air compàirteachadh 's gan uidheamachadh airson soirbheachadh ann an cosnadh, tuilleadh ionnsachaidh agus airson beatha choileanta a bhith aca.



PRÌOMHACHAS 1.1

Brosnaichidh sinn cothromachd, slighean is tar-ghluasadan rèidh le bhith a' smaoinichadh air an dòigh san tomhais 's san taisg sinn maoin, san suidhich sinn targaidean agus san cùm sinn sùil air leudachadh cothrom; agus obraichidh sinn còmhla ri oileanaich is institiuidean gus slighean ionnsachaidh tàbhachdach, buadh-mhor a ghlèidheadh, fhad 's a tha sinn a' cur suim ann an iomadachd institiuideach.



PRÌOMHACHAS 1.2

Gleidhidh sinn ionnsachadh is teagasg sàr-mhath, a' dìon 's a' meudachadh saoghal ionnsachaidh nan oileanach, agus a' co-roinn deagh chleachdadh san t-siostam treas-ìre.



PRÌOMHACHAS 1.3

Nì sinn cinnteach gum bi oileanaich deiseil airson saoghal na h-obrach 's gum bi cothroman ionnsachaidh fad-bheatha aig daoine le bhith a' cur ri aithneachadh nas motha air ionnsachadh feadh na beatha; le suas-sgileadh is ath-sgileadh cuimsichte air gnothachas is gnìomhachas; agus le bhith a' dealbadh chùrsaichean nas giorra, nas gèire dhaibh rim beatha obrach.



PRÌOMHACHAS 1.4

Nì sinn cinnteach gum faigh oileanaich taic airson gabhail ann am foghlam treas-ìre, 's gun toirear èisteachd is luach do an guthan, 's le deasachadh phlanaichean meudaichte an lùib seo.



PRÌOMHACHAS 1.5

Brosnaichidh sinn co-ionannachd 's ion-ghabhalachd air chor 's gun làimhsichear oileanaich gu ceart 's le spèis, a' cuideachadh cholaistean is oilthighean gus freagradh ri Riatanasan Dleastanas na Co-ionannachd san Roinn Phoblaich agus a' dèiligeadh ri leth-bhreith mì-laghail is neo-ionannachdan leanailteach.



A' gineadh bheachdan-smuain ùra 's a' lìonsgaradh eòlas

Gus tasgadh ann an sàr-obair rannsachaidh is ùr-ghnàthachais a tha ag adhartachadh eòlas làithreach; a' tarraing 's ag àrach tàlant is tionnsgaineachd luchd-gnothaich; a' beothachadh co-obrachadh is barrachd tasgadh ionmhais; a' meudachadh ar cliù eadar-nàiseanta; agus a' libhrigeadh cruth-atharrachadh eaconamach is luach sòisealtasach.



PRÌOMHACHAS 2.1

Beathaichidh sinn rannsachadh taisgealach sàr-mhath agus co-obrachadh tar-chuspairean, le bhith a' tasgadh ann an obair rannsachaidh sàr-mhath ge be càit a gheibhear i, am feadh 's a chuireas sinn taic ri leasachadh cho-bhannan cuimsichte, ciallach thairis air institiuidean.



PRÌOMHACHAS 2.2

Brosnaichidh sinn cultar rannsachaidh taiceil do dhaoine is sgiobannan ealanta, agus bidh sinn a' co-dhealbhadh dhùilean buntainneach don roinn.



PRÌOMHACHAS 2.3

Nì sinn eòlas feumail le eag-shiostam de dh'ùr-ghnàthachas sàr-adhartach, ag amaladh ri chèile co-roinn eòlais is tasgadh ùr-ghnàthachais airson comas a thoirt do cholaistean is oilthighean 's am brosnachadh gus cur ri prìomhachasan nàiseanta, gnìomhachd eaconamach, agus leasachadh sheirbheisean poblach.



PRÌOMHACHAS 2.4

Dealbhaidh sinn foghlam luchd-tionnsgain is cothroman coimearsalta, a' fighe a-steach cultar tionnsgaineachd thar champasan le bhith a' cruthachadh buidhnean-iomairt ùra.



PRÌOMHACHAS 2.5

Nì sinn compàirteachasan nas doimhne thar siostam maoinichaidh da-fhillte na RA air fad, a' cuideachadh oilthighean Albannach gus cothroman a ghlacadh, cur ri ar cliù a thaobh sàr-obair rannsachaidh agus a bhuil is a bhlàth a libhrigeadh do dh'Alba.



A' dealbhadh siostam freagairteach, cunbhalach, seasmhach

Gus suidheachaidhean a dhealbhadh airson siostam freagairteach, cunbhalach de dh'fhoghlam is sgilean, rannsachadh is ùr-ghnàthachas treas-ìre a nì cruth-atharrachadh air soirbheas is sunnd sòisealta, eaconamach, agus air cor na h-àrainneachd aig ìrean nàiseanta is roinneil agus le tasgadh stèidhichte air àitean; a' gleidheadh cliù is buaidh eadar-nàiseanta; agus a' cuideachadh instituidean gus soirbheachadh leotha fhèin agus le càch a chèile.



PRÌOMHACHAS 3.1

Nì sinn cinnteach gum freagair instituidean gu h-èifeachdach ri èiginn na gnàth-shìde, a' fighe a-steach gnìomhan gnàth-shìde agus tar-ghluasad cothromach gu ruige net zero nar ro-innleachdan, frèaman cunntalachd is tasgaidhean ri thighinn; agus le dùil gun cleachd colaistean is oilthighean an cuid teòmachd is gnìomhachdan airson àm ri teachd torrach, beag-charboin.



PRÌOMHACHAS 3.2

Cuidichidh sinn le planadh is ullachaidhean cunbhalach airson solar, sgilean is teisteanasan le instituidean, fastaichean is compàirtichean, mar eisimpleir, a' cur ris na Pròiseactan treòrach againn airson solar roinneil treas-ìre, a dhèanamh cinnteach gun tèid solar ullachadh a rèir feuman is cothroman caochlaideach, agus a rèir prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba don roinn.



PRÌOMHACHAS 3.3

Nì sinn cinnteach gun leasaich instituidean an slàinte ionmhasail is modhan deagh-riaghlachas agus nì sinn ath-sgrùdadh air ar dòigh-obrach a thaobh barantachadh 's conaltradh.



PRÌOMHACHAS 3.4

Bheir sinn brosnachadh do dh'instituidean is prìomh chompàirtichean a bhith a' co-obrachadh, mar chuideachadh le dealbhadh chompàirtichasan airson builean is luach poblach nas fheàrr, agus airson seasmhachd a mheudachadh.



PRÌOMHACHAS 3.5

Atharraichidh sinn ar prìomhachasan tasgaidh is modailean riarachaidh airson luach eaconamach, sòisealta is àrainneachdail urrasachadh, ag obair le Riaghaltas na h-Alba, leis an roinn agus prìomh luchd-ùidhe.



A' dèanamh sfc na buidheann sàr-mhath

A bhith nar buidheann poblach sàr-mhath a bheir buaidh le ceannardas, compàirtichas, lèirse agus tasgadh glic.



PRÌOMHACHAS 4.1

Libhrigidh sinn ar clàr cruth-atharrachaidh airson daoine is siostaman, a' tarraing 's a' cumail sgiobannan eugsamhail, comasach is soirbheachail, agus a' nuadhachadh ar siostaman is ùrlaran IT.



PRÌOMHACHAS 4.2

Bidh sinn mar chulaidh-tionnsgain airson atharrachaidh is buaidh fàbharach le co-bhith ag ùrachadh ar compàirtichasan is ceannardas, a' gabhail dàimhean for-ghnìomhach, co-obrachail os làimh le luchd-ùidh a tha riatanach dar miann airson builean nas fheàrr urrasachadh.



PRÌOMHACHAS 4.3

Deilbhidh sinn frèam buaidhe nàiseanta agus modhan cunntalachd is barantachadh mathais co-cheangailte ris airson sinn fhìn a cho-rèiteachadh ri prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba don roinn agus mar dhòigh nas fheàrr air fios a thoirt do ar co-dhùnaidhean agus piseach a thoirt air luach don phoball.



PRÌOMHACHAS 4.4

Leasaichidh sinn modhan cruinneachadh, rianachd is cleachdadh dàta agus cruthaichidh sinn lèirsinn, airson feabhas am broinn SFC agus thairis air siostam an fhoghlaim, sgilean is rannsachaidh treas-ìre a sparradh air adhart.



PRÌOMHACHAS 4.5

Meudaichidh sinn ar cliù is teist mar bhuidheann fìor-dhèanadach – èifeachdach, buadh-mhor is lùth-mhor.

CÙISEAN A THA BUNAITEACH DAR N-OBAIR

Gheibhear na cùisean is rùintean riatanach seo an lùib nan amasan is prìomhachasan seo air fad:



- Airson freagairt a thoirt do dh'ÈGINN NA GNÀTH-SHÌDE feumar uallach co-choitcheann a ghabhail airson an targaid adhartach a thaobh sgaoilidhean carboin a lùghdachadh, agus tar-ghluasad cothromach gu ruige net zero a choileanadh, ro 2045. An lùib na chuireas sinn fhìn ris mar bhuidheann, cumaidh sinn taic ris na buidhnean a mhaoinicheas sinn gus atharrachadh a thoirt air cùisean le foghlam, rannsachadh is ùr-ghnàthachas do dh'oileanaich fa chomhair Alba nas uaine, le comhairle shaidheansail a' toirt fios do phoileasaidh, agus le ro-innleachdan timcheall fearainn-thogalach.



- Bidh e mar phrìomh-eileamaid ar cuid leasachaidh a bhith a' dìon **LEAS NAN OILEANACH SAN LATHA A TH' ANN AGUS RI THIGHINN** a thaobh am foghlaim, feuman taice, cothrom is compàirteachadh rè ùine a' phlana seo, 's sinn ag obair ann an co-bhann ri oileanaich is riochdairean.



- Bidh ar freagairt do **FHEUMAN EACONAMACH, SÒISEALTA IS CULTARAIL NA h-ALBA** ro-chudromach a thaobh an dòigh 's an toir sinn atharrachadh air siostaman, 's an dèan sinn planadh ro-innleachdail ann an co-bhann ri institiuidean, fastaichean, riaghaltasan is maoinichearan.



- Faodaidh e bhith feumail **CO-IONANNACHD, IOMADACHD IS ION-GHABHALACHD** a bhrosnachadh leis na h-institiuidean don toir sinn maoin airson dèiligeadh ri neo-ionannachdan teanna, leanailteach, mar sin, suidhichidh sinn builean ro-aithnichte agus leanaidh sinn am buaidh airson ar dleastanasan co-ionannachd a chumail 's àbhaisteachadh thairis air gach raon de ar n-obair, agus a thaobh ar dleastanasan fhèin mar bhuidheann.



- A' cumail taic ri miannan na **RO-INNLEACHD NÀISEANTA AIRSON CRUTH-ATHARRACHADH EACONAMACH**, ag obair le Riaghaltas na h-Alba 's na buidhnean-gnìomha aige airson planaichean libhrigidh a dhealbhadh agus a' bhuidhnean as motha a thoirt asta.



- Tha ar sùil ri adhartas leantainneach a dh'ionnsaigh nan slatan-tomhais is cleachdanan airson **OBAIR CHOTHROMACH** sna buidhnean don toir sinn maoin mar phàirt de na bhios sinn a' cur ri ro-innleachd Riaghaltas na h-Alba airson eaconamaidh nuadh-aimsireil, luachmhor, ion-ghabhalach a choileanadh, far a bheil fastaichean is luchd-obrach ag aontachadh beusan san àite-obrach airson chòraichean is dleastanasan a chumail suas agus guth èifeachdach, cothrom, tèarainteachd, toileachas is spèis do dhaoine fa leth a bhrosnachadh.



- Nuair a dh'aithnichear cho fiachail 's a tha **ÀITE** agus an caochladh fheuman aig coimhearsnachdan na h-Alba, bithear a' suidheachadh cholaistean is oilthighean mar "aitreabhan acrachaidh" aig cridhe bhailtean, eileanan is roinnean na dùthcha. Tha iad ro-chudromach airson 's gun tig daoine, àiteachan is stòrasan còmhla airson fèin-aithne, adhbhar is builean nas fheàrr 's nas cothromaiche a dhealbhadh 's a chumail suas air feadh na h-Alba.



- Bidh tuigse air **SUIDHEACHADH NA RA IS GU h-EADAR-NÀISEANTA** riatanach airson buaidh a thoirt air cùisean a tha a' deargadh air gnìomhachdan nam buidhnean don toir sinn maoin agus air leas nan oileanach; agus airson aithne a thoirt don ruigse is gnìomhachd eadar-nàiseanta aig mòran de ar n-institiuidean a tha fìor chudromach a thaobh cliù, soirbheas is ceangailteachd na h-Alba anns an t-saoghal seo.



DEALBH: FIFE COLLEGE

PRIONNSAPALAN A BHEIR STIÙIREADH DAR DÒIGH-OBACH

Ann an 2021, dh'fhoillsich sinn Ath-sgrùdadh air Foghlam is Rannsachadh Treas-ìre a bha a' lorg ciamar a choileanamaid gu coitcheann siostam na bu cheangailte, na bu cruthachaile is na bu lùthmhoire de dh'fhoghlam is rannsachadh treas-ìre a tha seasmhach agus buadmhor an-dràsta agus do na ginealaichean ri thighinn. Chuir Riaghaltas na h-Alba fàilte air molaidhean ar n-Ath-sgrùdaidh agus tha e a' deasachadh an Adhbhair is na Prionnsapalan airson foghlaim is rannsachaidh treas-ìre mar phàirt den fhreagairt aige – rud a bheir frèam do cho-dhùnaidhean air feadh gach taobh dhen t-siostam, a' suidheachadh dhleasan is uallaichean soilleir. Airson ar molaidhean a choileanadh agus airson freagairt gu h-èifeachdach ri ro-innleachdan is poileasaidhean riaghaltais, bheir còig prionnsapalan coitcheann, eadar-cheangailte stiùireadh dar dòigh atharrachaidh is leasachaidh.

TOGAIDH SINN SUAS IOMADACHD

Tha sinn am beachd gu bheil e deatamach taic a chumail ri iomadachd air gach taobh dhith – daoine, beachdan-smuain, teisteanasan, rannsachadh, foghlam, ruigse eadar-nàiseanta, seòrsaichean institiuid is dòighean co-obrachail – agus an iomlanachd de fhreagairtean brìghmhor a dh'fheumas sinn airson dèiligeadh ris na dùbhlain mar coinneamh a dhealbhaidh airson àm teachdail nas fheàrr do na h-uile. 'S e as ciall dha seo gum maoinich sinn raon farsaing de sholar aig gach ìre, a' cur suim sna h-ealain, daonnachdan is saidheansan sòisealta, an cois na h-iomairt airson cuspairean STEM (Saidheans, Teicneòlas, Einnseanaireachd is Matamataigs) a bhith air an gabhail ri barrachd dhaoine, fhad 's a bhios sinn ag altram ar comais ciall a dhèanamh dhen t-saoghal timcheall oirnn agus a' cur snuadh nas doilleire eadar chrìochan nan dreuchdan traidiseanta fhad 's a thèid sinn air adhart.

Le iomadachd feumar aithneachadh cuideachd gu bheil iomadh cruth is càradh air colaistean is

oilthighean fa leth, 's gu bheil rùintean is miannan eadar-dhealaichte aca. Obraichidh sinn leis an eadar-dhealachadh sin, 's sinn ag amas air buaidh a thoirt às le bhith a' beachdachadh air an t-siostam gu lèir a thaobh cunbhalachd, eadar-cheanglaichean is co-obrachadh.

Feumaidh sinn greimeachadh air gach tàlant a bhios ann. Tha foghlam ag atharrachadh beatha dhaoine – àraichidh e sluagh a tha feòrachail, fosgailte do bheachdan-smuain agus comasach air an saoghal timcheall oirnn 's ar beatha iom-fhillte a mhìneachadh. Bheir e cothroman às, chan e a-mhàin do aon neach, ach do na ginealaichean ri thighinn. Bu chòir do gach duine na cothroman sin a fhaighinn. Mar sin dheth, feumar dèiligeadh ri neo-ionnannachdan leanailteach, a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus buannachadh, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil ar coimhearsnachd rannsachaidh eugsamhail is fosgailte don a h-uile tàlant.

CUMaidh SINN TAIC RI OBair COMPàIRTEACHAIS

Nì sinn conaltradh leotha agus obraichidh sinn ann an co-bhann ri raon farsaing de luchd-ùidh thar gach taobh de ar rùn – oir tha e bunaiteach do ar comas air buaidh agus builean buadhmhor a libhrigeadh. Bidh ar n-obair compàirteachais a' ruith air raon de dh'ùidhean agus gabhaidh i a-steach institiuidean, oileanaich agus buidhnean riochdachail eile, buidhnean iomairt is sgilean, riaghaltas ionadail, buidhnean sgrùdaidh is riaghlachail no stiùiridh, ùghdarrasan staitistigeil eile, aonaidhean ciùird, comainn oilean, agus buidhnean cèile. Bidh co-dheilbh is co-obrachadh nan comharraidhean suaicheantais againn. Mar phàirt de seo, bidh sinn a' brosnachadh tuigse nas fheàrr air ar n-obair agus buaidh nan colaistean is oilthighean.

Bidh e deatamach dearbhadh gur urrainn dhuinn an Ro-innleachd nàiseanta airson Cruth-atharrachaidh Eaconamaich is Frèam Dèanadais Nàiseanta a libhrigeadh, agus gun tig buannachdan sòisealta farsaing, soirbheas eaconamach is sunnd àrainneachdail nan cois, airson a bhith a' comharrachadh agus a' toirt prìomhachas do na tha a' cruthachadh buaidh 's airson an dòigh-tasgaidh as fheàrr san àm ri teachd. Bidh e mar phrìomh amas dhuinn rè ùine a' Phlana Ro-innleachdail seo buaidh dhìreach is neo-dhìreach nan colaistean is oilthighean a dhèanamh faicsinneach is freagarrach, 's sinn ag obair le compàirtichean gus tuigse is sealladh fhaighinn air dè tha ag obrachadh gu math 's càit am feumar piseach.

CUMaidh SINN TAIC RI SEASMACHD NA ROINNE DO NA GINEALACHAN RI THIGHINN

Leanaidh sinn oirnn ag aithneachadh gum bu chòir do cholaistean is oilthighean a bhith soirbheachail fo an dlighe fhèin, ach bidh sinn a' sìor fheuchainn ri na cothroman as motha fhaighinn fa chomhair chompàirteachasan is co-obrachadh am broinn na roinne. Tha sinn am beachd gur e seo an t-àm as motha a tha co-obrachadh a dhith na bha riamh airson solar cunbhalach a ghleidheadh aig ìre

roinneil is nàiseanta agus dèiligeadh ri beàrnan solair, piseach a thoirt air mathas is builean ionnsachaidh 's teagaisg, airson tasgadh ann am feuman gnìomhachais is luchd-fastaidh, taic a chur ri rannsachadh fo sgiath ar rùn, cosgaisean a lùghdachadh agus èifeachdasan a leasachadh le ullachaidhean is solar nas fheàrr, agus airson seasmhachd ionmhasail a bhuidhinn san fhad-ùine. Tha sinn ro-dheònach taic a chumail ri co-obrachadh eile, ge be an e sin le co-thairgsean airson maoineachadh, còrdaidhean compàirteachais is caidreachasan, modailean solair nas aonaichte no nas ceangailte airson foghlaim treas-ìre, no modailean co-obrachaidh eadar-dhealaichte a bhios a' toirt luach rè ùine mhòir.

Ged a tha gach institiuid cunntachail airson a dhleastanasan ionmhasail a choileanadh, tuigidh sinn gu bheil dàimh cho-bhuannachdail ann eadar maoinichearan, iasadairean, ruintean riaghltais, agus institiuidean. Obraichidh sinn ann an co-bhann ri riaghaltasan, buidhnean maoineachaidh is institiuidean airson àrainneachd mhaoineachail a tha ag aithneachadh gum feumar tasgadh fad-ùineach, seasmhach a thabhann; airson buainead a thogail agus clisgidhean san t-siosam a chlòthadh; airson comas a thoirt do dh'institiuidean air solar, rannsachadh is ruintean a phlanadh 's atharrachadh ann an dòigh stiùirichte an lùib àrainneachd fiosgail teann; agus airson comas a thoirt dhuinn uile air a bhith sùbailte, lùthmhor nuair a bhithear a' cur aghaidh ri cothroman ùra. An lùib siostam dà-fhillte na RA airson maoineachadh obair-rannsachaidh, tha sinn ag amas air tasgadh ann am bunstructar earbsach gus an urrainn do dh'institiuidean co-fharpaiseadh 's co-obrachadh airson tuilleadh maoineachaidh, 's iad a' sireadh eòlas is beachdan-smuain ùra, taobh ri maoineachadh airson co-roinn eòlais a thionndadh gu cothrom coimearsalta is gnothachais. Chan fhuilear dhuinn obair còmhla ri chèile agus conaltradh ri luchd-ùidh oir, tha roghainnean doirbh ann a thaobh prìomhachasan, an airgid thasgaidh ri tìde, agus na h-eadraigidhean is gnìomhachdan a libhrigear an luach is a' bhuidh as fheàrr.

MEUDAICHIDH SINN PLANADH STÈIDHICHTE AIR FIANAIS

Bhon as e maoinichear a th' annainn, bidh sinn daonnan a' co-obrachadh le colaistean is oilthighean airson iarrtasan dhaoine, luchd-fastaidh, cùisean sòisealta a thig am follais, àrainneachd maoineachaidh deuchainneach, agus poileasaidh riaghltais a rèiteachadh. Bidh fianais agus deagh phlanadh ro-innleachdail fìor chudromach airson freagairt riutha agus buaidh a thoirt air na h-iarrtasan seo, obair le Riaghaltas na h-Alba, institiuidean is compàirtichean a cho-rèiteachadh le ro-innleachdan solair is rannsachaidh san àm ri teachd. Tha sinn ag amas air feum nas fheàrr a dhèanamh den dàta a chruinnicheas sinn agus tha sùil againn gun dèan colaistean is oilthighean a leithid ceudna, gus tuigsinn dè am fiosrachadh a tha a dhith airson taic a chur ri siostam agus libhrigeadh nas fhreagairtiche, airson buaidh a thoirt air solairean dàta buntainneach eile, airson lèirsean is measaidhean meudaichte fhoillseachadh, agus airson tasgadh ann an siostaman tional fiosrachaidh dhìseataich a dh'fhàgas faisneis ann an làmhnan luchd-co-dhùnaidh, luchd-planaidh, luchd-leasachaidh, dealbhadairean poileasaidh agus a' phobaill gu lèir. An cois dàta is analitigs meudaichte, deasaichidh sinn ar pròiseasan barantachaidh is luachaidh airson ar libhrigeadh a leantainn, taic a chur ri leasachadh agus mìneachadh nas fheàrr a dhèanamh air buaidh nan institiuidean gu roinneil agus gu nàiseanta.

BHEIR SINN SPÈIS DO DH'FHÈIN-RIAGHLADH IS SÌNEADAS

Tha dùil againn gun coilean na h-institiuidean a mhaoinicheas sinn na dleastanasan a thig an cois ionmhas poblach – airson libhrigeadh agus amasan sòisealta, eaconamach, farsaing. Gidheadh, tha fèin-riaghladh is saorsa sgoilearach aig na h-institiuidean don toir sinn maoin. Tha seo a' ciallachadh gur tric as iadsan as fheàrr a bheir buaidh air, is a cho-dhùineas nàdar is gnè an t-solair is an rannsachaidh a bu chòir a dhèanamh. Leanaidh sinn oirnn a' suidheachadh ar dùilean fa chomhair deagh riaghlachais, seasmhachd ionmhasail agus sgrùdadh air tasgadh poblach, agus cumaidh sinn cunntachalachd is sùbailteachd, dùilean nàiseanta is ruintean institiuideach a rèir a chèile.



DEALBH: CITY OF GLASGOW COLLEGE

A' LÌBHRIGEADH AR PLANA RO-INNLEACHDAIL

AR FRÈAM LÌBHRIGIDH

'S e màthair-adhbhar a' Phlana Ro-innleachdail seo diofar a dhèanamh do dh'Alba. 'S e buidheann beag a th' annainn, air a bheil uallach airson tasgadh mòr, agus rùn adhartach againn. Thèid ar comas libhrigidh a stiùireadh le buidseatan is stòrasan an ama ri teachd, 's leis an dòigh a dhealbhas riaghaltasan is ar compàirtichean na prìomhachasan aca.

Cumaidh sinn sùil air adhartas, stiùiridh sinn ar dèanadas, agus measaidh sinn na gnìomhan as fharsainghe a ghabhas sinn os làimh gus taic a chumail ri ar rùn agus an ro-innleachd seo a libhrigeadh. Mar phàirt de ar clàr cruth-atharrachaidh air daoine is siostaman, tha sinn ag ath-dheasachadh ar frèam airson stiùireadh dèanadais, is na prìomh chomharran soirbheachaidh, a dhearbhadh gu bheil sinn ann an làn co-rèite ri Frèam Dèanadais Nàiseanta na h-Alba agus Amasan Leasachaidh Sheasmhaich nan Dùthchannan Aonaichte. Bidh sinn cuideachd a' dealbhadh modh luachaidh ùr, fo sgiath bhuidhnean a-muigh, a nì measaidhean measgaichte air gnìomhachdan cudromach, a bharrachd air a bhith a' leasachadh ar comasachdan taobh a-staigh na buidhne.

Bidh am Plana Ro-innleachdail còig-bliadhna seo air a bhunaiteachadh le planadh a-staigh fa chomhair nan gnìomhan geàrr-ùine, nam measg, Plana Obrach bliadhna, a thèid ùrachadh thar ùine an ath-sgrùdadh seo air cosgaisean. Gus an urrainn dhuinn freagairt gu lùthmhor ri àrainneachd a tha a' grad-atharrachadh, suidhichidh ar Plana Obrach gnìomhan planaichte, ceumannan is meatraigs dèanadais airson ar n-adhartas a shealltainn a thaobh coileanadh nam builean comharraichte sa Phlana còig-bliadhna seo. Thèid dèanadas ath-sgrùdadh le ceannardan-stiùiridh, leis a' Bhòrd agus na comataidhean aige. Bidh sinn a' foillseachadh staitistigs oifigeil gu riaghailteach. Aithrisidh sinn air adhartas is dèanadas a thaobh a' Phlana seo, mar as trice tron Aithisg is Cunntasan Bliadhna air againn.

AG OBAIR CÒMHLA RI AR COMPÀIRTICHEAN

Obraichidh sinn còmhla ri Riaghaltas na h-Alba agus raon de chompartichean, a bharrachd air na riaghaltasan ionadail is prìomh riaghaltasan agus na buidhnean a mhaoinicheas sinn airson ar Plana a libhrigeadh – oileanaich, buidhnean iomairt is sgìlean (Iomairt na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Iomairt Ceann a Deas na h-Alba, Sgìlean Leasachaidh Alba), buidhnean riaghlaidh is teisteanais, buidhnean stiùiridh is modhan libhrigidh, buidhnean riochdachail, aonaidhean ciùird agus buidhnean ceudna na RA.



DEALBH: ROBERT GORDON UNIVERSITY

CO-OBACHADH AIR A CHUR GU CLEACHDADH

“Is e na trì bliadhna seo mu dheireadh an t-àm a bu dheuchainniche a th’ air a bhith aig an roinn, agus a h-oileanaich ‘s luchd-obrach, a-riamh. Ach, bha aon rud na fhàbhar, agus b’ e sin an dòigh san do chruinnich luchd-ùidh timcheall air adhbhar a bha gan aonachadh, agus mar a dhearbhadh iad an lùthmhorachd ann a bhith a’ seasamh an aghaidh nan dùbhlain gun samhail seo. A’ coimhead romhainn, feumaidh sinn cuid den mheanmna sin a ghleidheadh airson dèiligeadh ris na dùbhlain mhora a tha mar coinneamh agus oilthighean a chur aig teis-meadhain ath-shlànachadh is cruth-atharrachadh na dùthcha.”

“Tha dùil againn gun cuir Comhairle Maoinachaidh na h-Alba oilthighean gu an dùbhlain ‘s gun cum iad an roinn cunntachail airson maoinan poblach a chleachdadh air leas coitcheann. Tha sinn ag iarraidh oirre cuideachd bratach na roinne a thogail agus tuigsinn dè bheir air roinn foghlaim àrd-ìre na h-Alba a bhith cho suaicheanta, soirbheachail air àrd-ùrlar eadar-nàiseanta agus a cuideachadh gus toradh math eaconamach, sòisealta is cultarach a libhrigeadh do mhuintir na h-Alba. Sin far a bheil obair ann an dlùth-chompàirteachas fìor chudromach. Tha meas mòr againn air dealas SFC a thaobh seo.”

Alastair Sim,
Stiùiriche Oilthighean na h-Alba

Ionadan Ùr-ghnàthachais

Chuir sinn clàr nan Ionadan Ùr-ghnàthachais air chois ann an 2012, ann an co-bhann ri Iomairt na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd ‘s nan Eilean, mar phàirt riatanach den eag-shiostam airson co-roinn eòlais is ùr-ghnàthachais aig Alba. Ag obair còmhla ri colaistean, oilthighean agus institiudean rannsachaidh na h-Alba, tha sùil aig na seachd Ionadan Ùr-ghnàthachais ri ùr-ghnàthachas is tionnsgaineachd luchd-gnothaich a mheudachadh thar prìomh roinnean eaconamach na h-Alba, agus ri dreuchdan a chruthachadh ‘s fàs a thoirt air an eaconamaidh.

“Tha sinn toilichte cuideachadh leis an rùn airson obair compàirteachais ann am Plana Ro-innleachdail SFC – tha e a’ sìor-fhàs cudromach, leis an leithid seo de dhùbhlain mu choinneamh nan colaistean, gun obraich sinn gu dlùth còmhla airson roinn treas-ìre cheangailte, lùthmhor a dheasachadh.”

“Tha Colaistean na h-Alba a’ cur fàilte gu sònraichte air an amas gum bi daoine comasach air ionnsachadh is soirbheachadh. Tha seo ann an dlùth-chòrdadh le ar prìomhachasan ro-innleachdail fhèin agus an fheadhainn aig Riaghaltas na h-Alba, mar sin, tha e a’ sealltainn cho cudromach ‘s a tha e a bhith ag obair gu dlùth còmhla. A chòrr air seo, tha Plana Ro-innleachdail SFC a’ cur prosbaig air cho cudromach ‘s a tha e ionnsachadh feumail a libhrigeadh do mhuintir na h-Alba. Bidh sinn a’ coimhead ri bhith ag obair gu dlùth còmhla ri SFC a dhèanamh cinnteach gun cuidich colaistean eaconamaidh, coimhearsnachdan is luchd-ionnsachaidh na h-Alba gus soirbheachadh.”

Shona Struthers,
Ceannard Colaistean na h-Alba

Pròiseactan treòrach airson Solar Foghlaim Treas-ìre

Tha sinn ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail, Sgìlean Leasachaidh Alba, Iomairt Ceann a Deas na h-Alba, Iomairt na h-Alba ‘s institiudean gus Pròiseactan treòrach airson solar foghlaim treas-ìre (prìomh mholadh san Ath-sgrùdadh againn) a libhrigeadh. Bheir seo oidhirp air feuman ionadail a thaobh sònrachadh sgìlean agus planadh solar foghlaim, air a fhreagradh do cheann a deas agus taobh an ear-thuath na h-Alba, a thoirt seachad.

“Tha rùn coitcheann aig SFC agus SDS siostam sgìlean a libhrigeadh air leas muinntir is companaidhean na h-Alba gu lèir. Cha robh co-obrachadh riamh cho cudromach ‘s a tha e an-dràsta ri linn cor na dùthcha seo sa bheil sinn beò agus an fheum air freagairt ri saoghal caochlaideach na h-obrach, tèarainteachd lùtha is dùbhlain gnàth-shìde, bochdainn is neo-ionnannachd, agus ri suidheachadh-teann an ionmhais phoblaich. Chan e ach co-obrachadh a nì cinnteach gum bi siostam nan sgìlean nas lùthmhoire agus comasach air freagairt ri feuman eaconamach is sòisealta a tha a’ grad-atharrachadh, fhad ‘s a dh’ullaicheas sinn modhan solair nas seasmaiche, dìongmhalta.”

Frank Mitchell, Cathraiche SDS

Bòrd Comhairleachaidh Preantasachd na h-Alba

Tha SFC agus Sgìlean Leasachaidh Alba a’ cuideachadh fastaichean gus preantasachdan a ruith fo sgiath Bòrd Comhairleachaidh Preantasachd na h-Alba (SAAB). Fo stiùir saoghal a’ ghnìomhachais, tha SAAB a’ dearbhadh gu bheil preantasachdan ann an Alba freagarrach dan adhbhar agus air an gleusadh a rèir feuman caochlaideach fastaichean is eaconamaidh na h-Alba.

Frèam nam Builean Co-roinnte

Tha am Frèam na mheadhan do bheil SFC, Sgìlean Leasachaidh Alba is Riaghaltas na h-Alba a’ leantainn ‘s ag aithriseadh air pròiseactan co-obrachail a chuireas ri builean coitcheann airson sgìlean, mar a chaidh an suidheachadh san Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach (NSET) agus ann an rùintean Plana-gnìomha nan Sgìlean Teachdail, a thaobh iarrtas eaconamach a dhèanamh co-chòrdail ri solar foghlaim an-dràsta is san àm ri teachd.

“Tha cothrom air leth againn air siostam rannsachaidh is ùr-ghnathachaidh ullachadh don RA a tha a h-uile duine a’ cur ris agus a’ faighinn buannachd às.”

“Tha Buidheann Rannsachaidh is Ùr-ghnathachais na RA a’ dol le miann SFC gus siostam ceangailte, lùthmhor is seasmhach a dhealbhadh, mar a shuidhich iad sa Phlana Ro-innleachdail aca. Tha mi a’ coimhead ri bhith ag obair còmhla ri SFC, agus còmhla ris a’ choimhearsnachd rannsachaidh is ùr-ghnathachaidh air leth ann an Alba agus air feadh na RA ‘s gu h-eadar-nàiseanta, airson lonn is latha a dhèanamh de na cothroman a tha romhainn.”

Professor Dame Ottoline Leyser,
Àrd-oifigear, UKRI

“An dèidh nam beagan bhliadhnaichean duilich seo, tha cruaidh-chàs eile mu choinneamh nan oileanach, a dheargas air an sporan, sunnd is cothroman.”

“An lùib na h-èiginn seo, tha mi air mo mhisneachadh le rùn SFC airson cothromachd, co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhalachd. Tha e deatamach gun obraich an roinn treas-ìre mar-aon airson dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach oileanach air soirbheachadh ann am foghlaim.”

“Tha fadachd orm conaltradh ri SFC uair eile nuair a bhios iad a’ neartachadh an dealais airson a bhith ag obair ann an co-bhann ri oileanaich, rud a sheulaicheas gur e guth nan oileanach a chluinnear daonnan aig cridhe siostam an foghlaim againn.”

Ellie Gomersall,
Ceann-suidhe, NUS Alba

GEÀRR-CHUNNTAS A' PHLANA RO-INNLEACHDAIL AIG SFC

Ar miann

Alba a dhèanamh na h-àite air leth airson ionnsachadh, oideachadh, rannsachadh is ùr-ghnàthachadh – an-dràsta 's san àm ri teachd.

Ar n-adhbhar

Sàr-shiostam de dh'fhoghlam, rannsachadh is ùr-ghnàthachas treas-ìre a dhealbhadh 's a bheathachadh gus an soirbhich le oileanaich, gus piseach a thoirt air beatha dhaoine agus cor math sòisealta, eaconamach is àrainneachdail a chumail suas.

Na prionnsapalan a tha gar stiùireadh

- A' togail suas iomadachd
- Obair compàirteachais
- A' cur taic ri seasmhachd airson nan ginealaichean ri thighinn
- A' meudachadh planadh air stèidh fianais
- A' toirt spèis do dh'fhèin-riaghladh is sineadas

Cùisean bunaitich don obair againn

- A' freagairt ri èiginn na gnàth-shìde
- A' dìon leas làithreach is teachdail nan oileanach
- A' freagairt ri feuman eaconamach, sòisealta is àrainneachdail na h-Alba
- A' brosnachadh co-ionannachd, iomadachd is ion-ghabhalachd
- Adhartas leantainneach a dh'ionnsaigh Obair Chothromach
- Ag aithneachadh gu bheil buinteanas ri àite cudromach
- A' tuigsinn an t-suidheachaidh fharsaing san RA 's gu h-eadar-nàiseanta



Ar prìomhachasan

Brosnaich cothromachd, slighean is tar-ghluasadan rèidh; Glèidh irean math ionnsachaidh is teagaisg, a' dìon 's a' meudachadh saoghal ionnsachaidh nan oileanach; Dèan cinnteach gu bheil oileanaich deiseil airson saoghal na h-obrach 's gu bheil cothroman ionnsachaidh fad-bheatha aig daoine; Dèan cinnteach gun cuidichear oileanaich le pàirt a ghabhail ann am foghlam treas-ìre, agus gun toirear èisteachd riutha, 's gun cuirear luach nan guthan; Brosnaich co-ionannachd is ion-ghabhalachd gus an dèiligear ri oileanaich gu cothromach 's le spèis.

Ar builean:

Tha foghlam ruigsinneach do luchd-ionnsachadh às gach raon-beatha, agus gheibh iad taic tro shlighean soirbheachail; Tha pròiseasan barantachadh mathais làidir is follaiseach, agus a' cumail suas earbsa ann an irean mathais; Tha oileanaich air an uidheamachadh gus a dhol an ceann an cosnaidh agus soirbheachadh ri am beatha obrach; 'S e compàirtichean a th' ann an oileanaich a thaobh co-dhùnaidhean institiudeach agus tha conaltradh nas motha ann; Thathar a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan leanailteach agus gabhaidh builean nas cothromaiche a dhearbhadh.

NSET: Barrachd cothrom is co-ionannachd sa chomann-sòisealta



Ar prìomhachasan

Cùm suas rannsachadh taisgealach is co-obrachadh tar-chuspaireach sàr-mhath; Brosnaich cultar rannsachaidh taiceil do dhaoine is sgiobannan ealanta; Dèan feum de dh'èòlas le eag-shiostam ceangailte, sàr-innleachdach; Leasaich foghlam do luchd-tionnsgain is cothroman coimearsalta; Dèan compàirteachasan nas doimhne thar siostam maoinachaidh dà-fhillte na RA air fad.

Ar builean:

Tha cliù na h-Alba airson rannsachadh sàr-mhath ga chumail suas 's ga mheudachadh; Tha cuimse is aithne coitcheann nas soilleir ann a thaobh cho cudromach 's a tha cultar rannsachaidh; Tha tasgadh ann an co-roinn eòlais is ùr-ghnàthachas a' cur fàs eaconamach gu dol agus a' beothachadh fhuasglaidhean air dùbhlain na cruinne; Tha tàlant is tionnsgaineachd air am brosnachadh 's air an àrach; Thathar ag aithneachadh gur e Alba prìomh chompartiche a thaobh libhrigeadh nan ro-innleachdan rannsachaidh is ùr-ghnàthachais aig an RA.

NSET: Daoine is Cultar Tionnsgaineach

Cothroman ùra sa mhargadh

A' toirt comas do dhaoine air ionnsachadh is soirbheachadh

A' gineadh bheachdan-smuain ùra is a' lionsgaradh eòlas



Ar prìomhachasan

Dèan cinnteach gum freagair institiudean gu h-èifeachdach ri èiginn na gnàth-shìde; Cuidich le planadh cunbhalach airson solair, sgilean is teisteanasan; Dèan cinnteach gum meudaich institiudean an slàinte ionmhasail is deagh-riaghlachas; Bi mar chulaidh-brosnachaidh airson co-obrachadh eadar institiudean is prìomh chompartichean; Atharraich ar prìomhachasan seilbh is modailean riarachaidh airson luach eaconamach, sòisealta is àrainneachdail a ghleidheadh.

Ar builean:

Tha tèomachd nan institiudean ag iomain air adhart gnìomhachd gnàth-shìde agus tar-ghluasad cothromach gu net zero; Tha an siostam is institiudean a' freagairt riutha 's ag atharrachadh a rèir caochladh fheuman, nam measg, riatanasan airson sgilean, mar sin, ag adhbharachadh nas lugha de bheàrn is gainneadan sgilean le bhith a' cruthachadh an iartais air an son. Tha institiudean seasmhach 's air an deagh-riaghladh, fo an dlìghe fhèin agus gu coitcheann; Tha luach an airgid-seilbh phoblaich air a ghleidheadh; Dearbhadh nas fhèrr air an dòigh sa bheil colaistean is oilthighean a' cur ri amasan eaconamach, sòisealta is sunnd nan oileanach leotha fhèin is le càch a chèile.

NSET: Companaidhean is ceàran torach

Feachd-obrach sgileil

A' dealbhadh siostam freagairteach, cunbhalach, seasmhach



Ar prìomhachasan

Libhrig ar clàr cruth-atharrachaidh airson daoine is siostaman; Bi mar chulaidh-tionnsgain airson atharrachadh is buaidh fàbharach le obair compàirteachas ùraichte is ceannardas; Deasaich pròiseasan measaidh is barantachaidh; Leasaich tionail, rianachd is cleachdadh dàta, agus cruthaich lèirsean; Meudaich ar cliù is teist mar bhuidheann fìor dhèanadach.

Ar builean:

Tha sgiobannan eugsamhail, ealanta, comasach aig SFC aig a bheil ùghdarras is taic airson a bhith a' libhrigeadh gu h-èifeachdach is le buaidh; Ceannardas buadhach, co-obrachail; Tha sealladh soilleir, leasaichte aig SFC air institiud, ceàrn is an roinn treas-ìre a thaobh libhrigeadh nam builean; Thugadh piseach air dòigh-chleachdadh dàta, anailis is fianais am broinn SFC, na roinne treas-ìre agus an riaghaltais; Thathar ag aithneachadh SFC mar chompartiche fiachail agus ceann-iùil beachdachaidh airson na roinne.

NSET: Cultar coileanaidh

A' dèanamh SFC na buidheann sàr-mhath

Frèam Dèanadais Nàiseanta



Amasan leasachaidh seasmhach nan dùthchannan aonaichte:



NSET= Ro-innleachd Nàiseanta Airson Cùisean Eaconamach Cruth-atharrachail

DEALBH CÒMHAICH:
NEWBATTLE ABBEY COLLEGE
AYRSHIRE COLLEGE
UNIVERSITY OF EDINBURGH
EDINBURGH NAPIER UNIVERSITY



Comhairle Maoinachaidh na h-Alba
Scottish Funding Council

APEX 2 - 97 HAYMARKET TERRACE
EDINBURGH - EH12 5HD
T 0131 313 6500 - F 0131 313 6501
WWW.SFC.AC.UK